

Na Teisteanasan Nàiseanta Agad –

Na dh'fheumas fios a bhith agad mu obair-chùrsa
Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Eagran Sgoile



Clàr-innse

Na Teisteanasan Nàiseanta agad.....	3
A' gluasad gu Teisteanasan Alba.....	4
Dè th' ann an Teisteanasan Nàiseanta?.....	5
Rèiteachaidhean measaidh.....	7
Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa.....	8
A' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad.....	9
A' cur a-steach an obair-chùrsa agad.....	15
Dearbhadh.....	16
Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?.....	17
Na deuchainnean agad 2026.....	19
Ceistean cumanta.....	20
Barrachd taic.....	22

Na Teisteanasan Nàiseanta agad

Tha an leabhran seo ag innse dhut dè am fiosrachadh a bu chòir a bhith agad mu choileanadh na h-obrach-cùrsa agad airson Teisteanasan Nàiseanta. Tha fiosrachadh feumail ann cuideachd air mar a thèid agad air ullachadh airson nan deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach.

Is urrainn do na tidsearan agad barrachd fiosrachaidh a thoirt dhut mu obair-cùrsa agus deuchainnean airson nan cùrsaichean a tha thu a' gabhail.

Faodaidh tu an leabhran seo a shealltainn gu do phàrantan no luchd-cùraim ma tha thu ag iarraidh.

Ma tha feum agad air an fhiosrachadh seo ann an cruth eile (leithid ann an clò mòr, Braille no ann an cànan eile), cuir post-d gu **customer@sqa.org.uk** no cuir fòn gu **0345 279 1000**.

San leabhran seo, bidh sinn a' cleachdadh 'obair-chùrsa' airson measaidhean sgrìobhte no measaidhean practaigeach sam bith (chan e deuchainnean) a nì thu airson nan Teisteanasan Nàiseanta agad. Tha seo ag atharrachadh a rèir a' chuspair agus faodaidh e gabhail a-steach pasgain-obrach, gnìomhachdan practaigeach, obraichean-sònraichte no pròiseactan.

A' gluasad gu Teisteanasan Alba

Bidh buidheann duaiseachaidh ùr, ris an canar Teisteanasan Alba, a' gabhail thairis bho SQA a dh'aithghearr. Bidh am fiosrachadh san leabhran seo fhathast ceart. Chan eil feum agad air rud sam bith diofraichte a dhèanamh gus na teisteanasan agad a choileanadh. Innsidh na tidsearan agad dè dh'fheumas tu dèanamh agus cuin.



Dè th' ann an Teisteanasan Nàiseanta?

Tha Teisteanasan Nàiseanta gan gabhail, sa mhòr chuid, le luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean, colaistean agus ionadan-trèanaidh ann an Alba. Is dòcha gum bi thu a' rannsachadh airson cuid de na Teisteanasan Nàiseanta a leanas.

Aonadan Nàiseanta 1 agus cùrsaichean Nàiseanta 2 gu Nàiseanta 4

Bidh thu a' coileanadh mheasaidhean aonaid tron bhliadhna. Bidh an tidsear agad gam measadh an dara cuid mar 'pas' no 'fàilligeadh'.

Tha cùrsaichean Nàiseanta 4 a' gabhail a-steach measadh air aonad luach leasaichte a bhios tu a' coileanadh faisg air deireadh na bliadhna. Mar is trice, bidh seo na obair-shònraichte no deuchainn.



Cùrsaichean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Bidh a' mhòr-chuid dhiubh seo a' gabhail a-steach obair-chùrsa agus deuchainnean-deireadh-na-bliadhna. Bidh sinn a' comharrachadh agus a' rangachadh seo bho A gu D.


Cùrsaichean Sgilean Cosnadh

Bidh iad seo a' cur fòcas air na sgilean coitcheann a dh'fheumar san àite-obrach. Mar is trice, bidh an tidsear agad gam measadh tro ghnìomhachdan practaigeach.

Baccalaureatan Albannach

Tha iad seo rim faotainn do luchd-ionnsachaidh ann an ÀS5 is ÀS6. Tha iad a' gabhail a-steach teisteanasan Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach, agus 'pròiseact eadar-chuspaireil' a bhios air a rangachadh A gu C. Le bhith a' coileanadh Baccalaureat Albannach, tha cothrom agad do sgilean a leasachadh agus fianais a nochdadh de thionnsgnadh, cunntachalachd agus chomas a bhith ag obair gu neo-eisimeileach.

'S e pìos-obrach mòr a th' ann am '**pròiseact eadar-chuspaireil**' a chuidicheas gus na sgilean, dòigh-smaoineachaidh agus misneachd a dh'fheumas tu a thoirt dhut gus gluasad gu foghlam àrd-ìre no cosnadh.



Duaisean

Tha iad seo nan seata de dh'aonadan co-cheangailte a tha tric nam pròiseactan agus obraichean-sònraichte. Bidh an tidsear agad gam measadh an dara cuid mar 'pas' no 'fàilligeadh'.

Rèiteachaidhean measaidh

Ma tha feum agad air taic a bharrachd air sgàth ciorramachd no feumalachd taice a bharrachd, faodaidh an sgoil agad seo a chur air dòigh. Chan eil feum agad air breithneachadh-lèigh foirmeil bho phroifeiseantach meidigeach gus an taic seo fhaighinn.

Faodaidh na tidsearan agad taic a chur air dòigh airson obair-chùrsa, taisbeantais agus deuchainnean.

Feumaidh tu fhathast na h-aon sgilean is eòlas a shealltainn 's a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh eile, agus thèid do chomharrachadh san aon dòigh.

Bruidhinn ris an tidsear agad cho luath 's a ghabhas mu dheidhinn na rèiteachaidhean seo. Mas fheàrr leat, faodaidh do phàrant no neach-cùrainn bruidhinn ris an tidsear agad às do leth.

Faodaidh tu barrachd fiosrachaidh fhaighinn aig www.sqa.org.uk/learnerassessmentarrangements

Tha '**rèiteachaidhean measaidh**' nan seòrsa de thaic a ghabhas cur air dòigh gus am faigh thu cothrom co-ionann a bhith a' sealltainn dè na comasan agus an t-eòlas a th' agad ann am measadh.




Seòrsaichean de dh'obair-chùrsa

Faodaidh diofar sheòrsaichean de dh'obair-chùrsa a bhith an lùib Teisteanasan Nàiseanta, nam measg pasgain-obrach, gnìomhachdan practaigeach, taisbeantais, obraichean-sònraichte agus pròiseactan. Bidh an seòrsa de dh'obair-chùrsa a bhios tu a' dèanamh a rèir a' chùrsa a tha thu a' rannsachadh.

Tha obair-chùrsa a' toirt dhut cothrom gus dearbhadh na tha thu a' tuigsinn den chuspair agad agus gu bhith a' cosnadh chomharran a dh'fhaodadh eadar-dhealachadh a dhèanamh don rang dheireannach agad. Bidh diofar riatanasan ann airson gach pìos den obair-chùrsa. Innsidh an tidsear agad mun deidhinn.

Tha riaghailtean ann a dh'fheumas tu leantainn nuair a tha thu a' dèanamh na h-obrach-cùrsa agad gus measaidhean a chumail cothromach airson a h-uile duine. Bruidhinn ris an tidsear agad mura bheil thu a' tuigsinn nan riaghailtean. Innsidh an tidsear agad cuideachd dè thachras ma tha thu gam briseadh.



A' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad

Mèirle-sgrìobhaidh

Chan fhaod thu ach an obair agad fhèin a chur a-steach. Ma chuireas tu a-steach obair nach e an obair agad fhèin, 's e seòrsa de mhealladh a tha seo ris an canar 'mèirle-sgrìobhaidh'. Faodaidh seo tachairt le bhith a' dèanamh lethbhreac bho obair cuideigin eile no le bhith a' cur a-steach obair a chaidh a chruthachadh le tuisge innealta gineil (GenAI).

'S e mèirle-sgrìobhaidh a th' ann cuideachd ma tha thu a' cur a-steach obair nach e d' obair fhèin gun a bhith a' dèanamh iomradh air na stòran-fiosrachaidh. Tha seo air a mhìneachadh air [duilleag 11](#).

Chan e d' obair fhèin a th' ann:

- ma tha thu air lethbhreac a dhèanamh de theacsa, ìomhaighean no stuth bho uidheaman GenAI;
- ma chaidh a dèanamh, ann am pàirt no gu tur, le cuideigin eile;
- ma chaidh do chuideachadh le cuideigin a rinn obair chosmhail roimhe (mar eisimpleir, oileanach nas sine) no ma rinn iadsan an obair dhut;
- ma tha thu air obair a chleachdadh a dh'ullaich an tidsear dhut mar eisimpleir; no
- ma tha thu air lethbhreac a dhèanamh de theacsa bho leabhraichean, làraichean-lìn no bancaichean aistean gun a bhith a' dèanamh iomradh air.

Cealg-chòrdadh

Ma tha thu ag obair le daoine eile nuair a bu chòir dhut obair nad aonar, canar ‘cealg-chòrdadh’ (collusion) ri sin. Tha seo a’ gabhail a-steach a’ toirt cuideachadh, a’ faighinn cuideachadh agus a’ roinn fhaidhlichean, faclan-faire is obair-phàipeir

Tha gach duine a thèid an sàs ann an cealg-chòrdadh a’ briseadh nan riaghailtean; chan e dìreach an neach a dh’iarr cuideachadh. Ma dh’iarras neach-ionnsachaidh eile cuideachadh bhuat, innse dhaibh a bhruidhinn ris an tidsear.

Ma tha thu a’ coileanadh obair buidhne, dèan cinnteach gur e an obair agad fhèin a th’ anns an obair sgrìobhte agad.

Ma tha duilgheadas agad le pàirt sam bith den chùrsa, iarr comhairle bhon tidsear agad. Chan fhaod duine sam bith eile a bhith an sàs sa chòmhradh no ath-bhreithneachadh air an obair-chùrsa agad.

Chan fhiach e

Ma bhriseas tu na riaghailtean, dh’fhaodadh peanasan a bhith ann.

Tha tidsearan eòlach air an obair agad agus aithnichidh iad atharrachaidhean san stoidhle sgrìobhaidh agad agus sna briathran a tha thu a’ cleachdadh.

Tha sinn a’ cleachdadh bathar-bog a dh’aithnicheas mèirle-sgrìobhaidh, cealg-chòrdadh agus cleachdadh GenAI. Tha am bathar-bog seo a’ maidseadh abairtean is teacsa a chaidh a thogail ris na stòran-fiosrachaidh às an tàinig iad.

Stòran-fiosrachaidh



Faodaidh tu diofar stòran-fiosrachaidh a chleachdadh nuair a tha thu a' coileanadh na h-obrach-cùrsa agad, a' gabhail a-steach leabhraichean, an t-eadar-lìon agus prògraman TBh. Bidh cleachdadh nan diofar stòran-fiosrachaidh gad chuideachadh a bhith ag ionnsachadh, ach feumaidh tu iomradh a dhèanamh orra gu ceart.

Na dèan lethbhreac de dh'fhiosrachadh agus na cuir a-steach e mar gum b' e d' obair fhèin a bh' ann. Cùm notaichean den h-uile stuth a chleachdas tu bho stòran-fiosrachaidh eile airson dealachadh a dhèanamh eadar sin agus d' obair fhèin. Seallaidh an tidsear agad mar a nì thu seo, ach gheibhear cuid de riaghailtean coitcheann an seo.

- Cuir 'cromagan turrach' timcheall teacs sam bith a thàinig à stòran-fiosrachaidh eile agus can gu soilleir cò às a thàinig e.
- Thoir iomradh airson diagram no dealbh sam bith a tha thu air a' chleachdadh bho stòran-fiosrachaidh eile.
- Cruthaich leabhar-chlàr (liosta de stòran-fiosrachaidh a chleachd thu) aig deireadh na h-obrach agad.
- Na cleachd teacs a chaidh a chruthachadh le uidheaman GenAI.

Ma tha thu a' sgrìobhadh mu dheidhinn cuideigin air a bheil thu eòlach ann am fìor bheatha, na cleachd an t-ainm aca no fiosrachadh sam bith eile a dh'fhaodadh an comharrachadh san obair-chùrsa agad.

Tuigse innealta (AI)

Is dòcha gu bheil thu air chluinntinn mu uidheaman GenAI, leithid ChatGPT no Google Gemini. Faodaidh na h-uidheaman seo a bhith cuideachail nuair a tha thu a' rannsachadh chuspairean airson na h-obrach-cùrsa agad no airson deuchainnean. Ma tha thu a' roghnachadh a bhith a' cleachdadh GenAI, feumaidh tu fhathast an t-eòlas is sgilean agad a shealltainn. Chan fhaod thu ach d' obair fhèin a chur a-steach airson comharrachadh. Chan e d' obair fhèin a th' ann an teacsa a chaidh a chruthachadh le uidheam GenAI.

Faighnich don tidsear agad mura bheil thu cinnteach am faod thu uidheaman GenAI a chleachdadh.



Briathrachas, sgrìobhadh agus ìomhaighean

Na cuir nad obair briathran no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach no leth-bhreitheach. Ma chuireas tu a-steach obair anns a bheil stuth leth-bhreitheach, leithid susbaint ghràin-chinnidheach no clonadh gnè, bidh an fheadhainn a tha a' comharrachadh na h-obrach agad ga aithris dhuinne.

Feumaidh obair-chùrsa sgrìobhte a bhith so-leughadh. Bidh luchd-comharrachaidh a' dèanamh an dicheall gus an obair agad a leughadh, ach dh'fhaodadh nach urrainn dhaibh comharran a thoirt seachad ma tha do sgrìobhadh ro-dhuilich a leughadh.

Àireamh fhaclan

Ma tha an obair-chùrsa agad a' toirt seachad ìos-mheud no òs-mheud fhaclan, feumaidh tu cumail ris. Dh'fhaodadh gun tèid do pheanasachadh mura cùm thu ris.


Faic 'Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?' air [duilleag 17](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.



Duilleagan stòrasan

Ann an cuspairean àraidh, tha e ceadaichte dhut duilleagan stòrasan a chleachdadh (ris an canar cuideachd ‘duilleagan rannsachaidh’ no ‘duilleagan fiosrachadh ullaichte’). Innsidh an tidsear agad ma dh’fheumas tu a leithid, agus seallaidh iad dhut mar a chleachdas tu iad. Mura bheil thu cinnteach am bi feum agad air duilleag stòrasan a chleachdadh, faighnich don tidsear agad.

Ma dh’fheumas tu duilleag stòrasan a chleachdadh, dèan cinnteach gu bheil thu eòlach air na riaghailtean. Dh’fhaodadh tu comharra a chall mura cleachd thu gu ceart i. Feumaidh tu an duilleag stòrasan agad a chur a-steach còmhla ris an obair-chùrsa agad. Mura dèan thu sin, tha e do-sheachanta gun caill 20% de na comharra a tha rim faotainn.



A' cur a-steach an obair chùrsa agad

Dearbh an obair agad



Mus cuir thu an obair-chùrsa agad a-steach, dèan cinnteach:


- gun e d' obair fhèin air fad a th' ann, agus gun do chomharraich thu gu cothromach a h-uile stòr-fiosrachaidh, diagram no dealbh a chleachd thu;
- nach eil briathran no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, no oilbheumach san obair agad;
- gu bheil thu air stiùireadh an tidseir agad a leantainn; agus
- nach eil teacs ann a chaidh a chruthachadh le GenAI.

Cinn-latha



Cuiridh an tidsear agad air dòigh cinn-latha airson na h-obrach-cùrsa agad. Tha e cudromach gun cuir thu an obair agad a-steach ron cheann-latha no dh'fhaodte nach tèid a chomharrachadh.

Ma tha thu ga fhaighinn doirbh cumail ri cinn-latha, bruidhinn ris an tidsear agad cho tràth 's a ghabhas.



Dearbhadh

Mus cuir thu a-steach an obair-chùrsa agad airson comharrachadh, feumaidh tu dearbhadh a shoidhnigeadh. Dèan cinnteach gu bheil thu ga thuigsinn. Mura bheil thu cinnteach mu rud sam bith, faighnich don tidsear agad.

Tha an dearbhadh a' teisteachadh:



- gu bheil thu air an stiùireadh seo a leughadh agus gu bheil thu ga thuigsinn;
- gu bheil thu a' tuigsinn gum faod sinn na rangan agad a lùghdachadh no a dhubhadh às ma bhriseas tu na riaghailtean;
- gur e d' obair fhèin a th' anns an obair-chùrsa agad, agus gun do chomharraich thu gu soilleir a h-uile stòr-fiosrachaidh a chleachd thu;
- gu bheil thu air duilleagan stòrasan sam bith, no seòrsa sam bith eile de dhuilleag fiosrachaidh a tha buntainneach don chuspair agad, a chur a-steach; agus
- gu bheil thu a' tuigsinn gum bi an obair-chùrsa agad a' tighinn thugainn airson comharrachadh.

Ma tha thu an dùil do chuid obrach fhoillseachadh no a roinn air-loidhne, feumaidh tu bruidhinn ris an sgoil agad an toiseach.

Dè ma bhriseas mi na riaghailtean?



Ma sheallas sgrùdadh SQA no sgrùdadh sgoile gu bheil thu air riaghailtean sam bith a bhriseadh, dh'fhaodadh peanas a bhith ann. Dh'fhaodadh gum bi seo a' gabhail a-steach na leanas.

- Dh'fhaodadh na comharran agad a lùghdachadh, no gum faigh thu neoni comharran.
- Dh'fhaodadh gun caill thu an teisteanas airson a' chuspair sin.
- Dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile teisteanas agad airson na bliadhna air fad.

Cuimhnich



Feumaidh tu:

- an obair uile a dhèanamh leat fhèin
- a h-uile stòr-fiosrachaidh a chomharrachadh;
- faighneachd don tidsear agad càit am faodadh tu GenAI a chleachdadh;
- sùil a thoirt air an obair agad mus cuir thu a-steach i;
- an obair agad a chur a-steach ann an deagh àm, agus
- duilleagan stòrasan sam bith, no duilleagan fiosrachaidh cosmhail eile, a chleachd thu a chur a-steach còmhla ris an obair agad.

Cha bu chòir dhut:

- lethbhreac a dhèanamh de dh'obair cuideigin eile
- co-obrachadh le daoine eile nuair a bu chòir dhut obrachadh leat fhèin;
- obair a chur a-steach a chaidh a chruthachadh le GenAI; no
- briathran no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach no leth-bhreitheach a chleachdadh san obair agad.


Na deuchainnean agad 2026

Is urrainn dhut clàr-ama nan deuchainnean a luchdadh a-nuas aig www.sqa.org.uk/timetable Tha seo a' sealltainn nan ceann-là agus amannan airson nan deuchainnean agad.

Faodaidh tu cuideachd an aplacaid againn MyExams a luchdadh a-nuas gus an clàr-ama pearsanta agad a chruthachadh, notaichean a chur ris, agus an clàr-ama pearsanta agad a chur ri mìosachain eile.

Bidh deuchainnean 2026 a' tachairt bho 22 Giblean gu 2 Ògmhios.

Bheir sinn tuilleadh fiosrachaidh dhut mu na deuchainnean agad sa Mhàrt.



Ceistean a thathas a' cur oirnn gu tric mu dheidhinn deuchainnean



Dè th' ann an tùs-dheuchainnean (prelims)?

Tha 'prelim' goirid airson 'preliminary exam', no tùs-dheuchainn. Bidh a' mhòr-chuid de sgoiltean a' ruith tùs-dheuchainnean gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh le bhith a' dèanamh practas airson nan deuchainnean aca, gus fios air ais a thoirt thuca air an cuid coileanaidh, agus gus an cuideachadh a bhith ag aithneachadh dè cho math 's a tha gach neach-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas sa chùrsa.

Bidh an sgoil agad a' cur romhpa am bi iad, agus cuin a bhios iad, a' ruith tùs-dheuchainnean am-bliadhna.



Am bi SQA a' comharrachadh nan tùs-dheuchainnean?

Cha bhi. Bidh an sgoil agad a' cruthachadh nam pàipearan-cheistean a bhios tu a' gabhail rè nan tùs-dheuchainnean, agus bidh na tidsearan agad gan comharrachadh.



Cò bhios a' comharrachadh na h-obrach-cùrsa is nan deuchainnean agam?

Bidh sinn a' comharrachadh a h-uile deuchainn airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach. Bidh sinn cuideachd a' comharrachadh na cuid as motha den obair-chùrsa airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach. Bidh cuid den obair-chùrsa air a measadh leis an tidsear agad. Bidh sinn a' dèanamh sgrùdaidhean càileachd gus dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan a' comharrachadh ann an co-rèir ris an inbhe a tha riatanach.



Cuin a gheibh mi na toraidhean agam?

Gheibh thu na toraidhean dheuchainnean agad tron phost air **Dimàirt 4 Lùnastal 2026**. Bidh sinn cuideachd a' cur nan toraidhean agad don sgoil agad. Ma tha thu air iarntas a dhèanamh airson oilthigh no colaiste tro UCAS (Seirbheis Inntrigidh Oilthighean agus Cholaistean), bidh iad a' faighinn na toraidhean agad cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad tron phost air latha nan toraidhean, cuir fios chun na sgoile agad. Faodaidh iadsan na toraidhean agad innse dhut agus obair còmhla rinne gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.



Tha dà dheuchainn agam aig an aon àm no aon às dèidh a chèile air an aon latha. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Bruidhinn ris an sgoil agad. Faodaidh iadsan sùil a thoirt air rèiteachaidhean eile a ghabhas cur air dòigh dhut.

Barrachd taic

Bidh an sgoil agad a' toirt dhut a' chairt Àireamh an Oileanaich (SCN) agad, còmhla ri barrachd fiosrachaidh a thaobh gabhail dheuchainnean, no dheireadh a' Mhàirt 2026. Nuair a gheibh thu a' chairt agad, feuch gun sgrìobh thu d' ainm is an SCN agad oirre. Faodaidh tu an còd QR air cùl na cairte a sganadh gus barrachd fiosrachaidh mu mheasaidhean fhaighinn.

Ainson barrachd taic, a' gabhail a-steach buidhnean a dh'fhaodadh do chuideachadh ma tha thu a' faireachdainn iomagaineach, tadhail air www.sqa.org.uk/learnersupport

Ma tha ceistean sam bith agad no ma tha thu ag iarraidh an fhiosrachaidh as ùire, cuir fòn thugainn air

0345 279 1000 no tadhail air www.sqa.org.uk/learners

